

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



**\*Please scroll down for English Version\***

## DVD MAR THAIC DO SGIоба GHÀIDHLIG NAN TRÀTH ÌREAN

31 An Lùnastal 2010

Solas air a' Churraicealam airson Sàr-mhathais ann an Gàidhlig nan tràth ìrean.

Chaidh DVD a chur air bhog le Rùnaire an Fhoghlaim, Mìcheal Ruiseal, mar thaic do luchd-obrach Gàidhlig nan tràth ìrean ann a bhith a' gabhail na cuid as fheàrr den Churraicealam airson Sàr-mhathais. Tha an goireas a' toirt seachad eisimpleirean practaigeach den churraicealam ann an gnìomh agus a' cur solas air na caochladh dhòighean sam faod clann sgilean Gàidhlig a thogail 's a leasachadh. Tha criomagan film ann cuideachd de fhìor eisimpleirean ann an grunn shuidheachaidhean, agus molaidhean a thaobh oideachadh gnìomhach na Gàidhlig, a tha seaghail agus stèidhichte air cluich, thar ochd raointean a' churraicealaim.

Thuirte Rùnaire an Fhoghlaim, Mìcheal Ruiseal:

"Tha an Curraicealam airson Sàr-mhathais an dùil oideachadh ath-bheothachadh agus modh-obrach ciallach a thoirt seachad bho aois 3 - 18. Tha e a' tairgsinn cothrom air leth do luchd-obrach modhan ùr-nodha innleachdail a leasachadh, a chuireas ri oideachadh chlann òga aig an àm as riataiche dhaibh. "S iad clann a dh'ionnsaicheas Gàidhlig sna bliadhnachan as tràithe den fhoghlam aca a gheibh an cothrom as fheàrr an cànan a chur gu feum ann am beatha làitheil. 'S e sin as adhbhar gu bheil seo mar phrìomh phàirt den iomairt againn gus àireamh luchd-labhairt òga na Gàidhlig àrdachadh agus gus dèanamh cinnteach gun soirbhich leis a' chànan.

"Bidh eisimpleirean san DVD de theagasg na Gàidhlig ann an sgoiltean-àraich nan cuideachadh do luchd-obrach ann a bhith a' cleachdadh a' churraicealaim ùir gus piseach a thoirt air oideachadh sgoilearan. 'S iomadh deagh bheachd a gheibhear ann, eadar a bhith a' cur sgoilearan an sàs ann an gnìomhan buntainneach san sgìre aca gus am fàs iad cleachdte ri bhith a' cluinntinn daoine a' bruidhinn na Gàidhlig, gu bhith a' cleachdadh òrain agus bàrdachd thraidiseanta Ghàidhlig gus sgilean litearrachd a thogail. "Tha mi an dòchas gum brosnach seo luchd-obrach nan sgoiltean-àraich is bun-sgoiltean Gàidhlig, agus gum faigh sgoilearan aig ìre thràth ionnsachadh na Gàidhlig buannachd às a' mhodh oideachaidh a tha stèidhichte air cluich agus a tha cho soirbheachail sna bliadhnachan tràthail."

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



Thogadh eisimpleirean de chleachdadh math a tha a' nochdadh ann an còig suidheachaidhean bho air feadh na h-Alba. Tha an earrann Leasachaidhean agus Ionnsachadh Cànan a' sealltainn chlann a bhios ag ionnsachadh Gàidhlig le raon de ghnìomhan. 'S iad seo: a' dol an sàs sa choimhearsnachd Ghàidhlig mun timcheall orra, a' cleachdadh ICT agus obair oideachaidh ghnìomhach. Thèid fiosrachadh a thoirt do luchd-teagaisg Gàidhlig a thaobh mar a bhios clann a' togail cainnt agus mar a bhios iad an uair sin a' ruigsinn ìre far a bheil iad dà-chànanach ann an labhairt agus sgrìobhadh.

Chaidh an DVD a dheasachadh le Ionnsachadh agus Teagasg Alba. Chaidh lethbhric a chur gu na h-ionadan ro-sgoile agus bun-sgoile uile a bhios a' toirt seachad foghlam Gàidhlig.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



## DVD RESOURCE FOR GAELIC EARLY YEARS STAFF LAUNCHED

**31 August 2010**

A DVD designed to help Gaelic early years staff make the most of Curriculum for Excellence has been launched.

The resource shares practical examples of the new curriculum in action and highlights the many different ways that children can learn and develop Gaelic language skills. It includes film clips of real examples in a variety of contexts and suggestions for using meaningful Gaelic play-based and active learning across the eight areas of the curriculum.

Education Secretary Michael Russell said:

"Curriculum for Excellence is designed to bring learning to life and offer a joined up approach from 3 - 18. It offers a fantastic opportunity for staff working with children in the vital early years of their lives to develop creative and innovative approaches to helping pupils learn.

"Children learning Gaelic in the earliest years of their education have the best opportunity to be able to use the language in every day life. That's why this is a key part of our drive to increase the number of young Gaelic speakers and ensure the language thrives.

"This DVD will help staff use the new curriculum to boost pupils learning by offering ideas on how to teach Gaelic in nurseries. There are many good ideas from involving pupils in relevant activities in the local community so that they get used to hearing Gaelic spoken to using traditional Gaelic songs and poems to build literacy skills.

"I hope this will provide inspiration for staff working in Gaelic Medium nurseries and primary schools and make sure pupils beginning to learn through Gaelic benefit from the play based approach to learning that's so successful in the early years."

Examples of good emerging practice were captured in five settings from across Scotland. The section of Language Learning and Developments features children learning Gaelic in a range of activities. These include engaging with the wider Gaelic community, using ICT and active learning activities. Gaelic practitioners will be provided with information on how children acquire language and how they then progress to be bilingual and bi-literate. The DVD has been produced by Learning and Teaching Scotland. Copies have been sent to all pre-school and primary settings which provide Gaelic Medium education. The Scottish

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



Government's innovative Engage for Education site allows users to read blogs from Ministers, post comments and get involved in workshops on issues relating to education.